

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/5/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 25 Gearran 2026

Tìotal Aithisge: Suirbhidh Sgìlean Gàidhlig air an Taobh A-staigh

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' taisbeanadh toraidhean Suirbhidh Sgìlean Gàidhlig Luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd a chaidh a ghabhail os làimh san t-Samhain 2025. Tha an t-suirbhidh na riatanas reachdail fo Phlana na Gàidhlig (PG) 2024–29. Chaidh a dealbhadh gus sgìlean Gàidhlig am measg an luchd-obrach a mheasadh, feumalachdan trèanaidh a chomharrachadh agus fios a chur ri planadh ro-innleachdail.
- 1.2 Tha na toraidhean a' sealltainn gu bheil ùidh làidir ann a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' comharrachadh nan nithean a tha nan cnapan-starra a thaobh com-pàirteachas. Thathar cuideachd a' comharrachadh chothroman gus misneachd a thogail ann an cleachdadh is follaiseachd na Gàidhlig san àite-obrach.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- toirt fa-near do thoraidhean Suirbhidh Sgìlean na Gàidhlig;
 - aontachadh gun tèid am plana-gnìomha a thathar a' moladh a chur an gnìomh gus feumalachdan trèanaidh a choinneachadh agus a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche san àite-obrach; agus
 - aontachadh taic a thoirt do bhith a' leasachadh chothroman ionnsachaidh subailte is ruigsinneach do luchd-obrach.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Thèid taic a chur ri libhrigeadh tro bhuidseatan PG a th' ann mar-thà agus sruthan maoineachaidh bhon taobh a-muigh bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.
- 3.2 Laghail
Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aice. Tha an dleastanas reachdail a' gabhail a-

steach uallach gun tèid gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig a bhuileachadh is gun tèid cunntas ceart a thoirt orra. Tha cuspair na h-aithisg seo a' gèilleadh ri dleastanasan reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

- 3.3 Cunnart
Dh'fhaodadh cuideaman a thaobh nan goireasan a tha rim faotainn buaidh a thoirt air comas am plana-gnìomha a thathar a' moladh a libhrigeadh.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig
Deagh bhuilean a thaobh ionnsachadh cànan agus follaiseachd chultarach.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh agus/no ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.




5. Prìomh Thoraidhean

5.1


Taisbeanair	Àireamh
Freagairtean iomlan	678
Luchd-obrach le comas sa Ghàidhlig	251
Luchd-obrach gun chomas idir sa Ghàidhlig	427
Le comas Gàidhlig labhairteach a thuigsinn	149
Le comas Gàidhlig a bhruidhinn	132
Le comas Gàidhlig a sgrìobhadh	112
Ag ionnsachadh Gàidhlig an-dràsta	148
Le ùidh ann an trèanadh Gàidhlig san àm ri teachd	226
Gun ùidh ann an trèanadh Gàidhlig	228
Cnapan-starra: Feum air barrachd ùine no subailteachd	305
Cnapan-starra: Cothrom air clasaichean no ionnsachadh air-loidhne	383

5.2 Toraidhean iomlan


Cuspair: Comas agus misneachd sa Ghàidhlig




How would you describe your Gaelic skills in understanding spoken Gaelic?




How would you describe your Gaelic skills in speaking Gaelic?




How would you describe your Gaelic skills in reading Gaelic?




How would you describe your Gaelic skills in writing Gaelic?




How would you describe your spoken Gaelic,
when speaking to **immediate family**?




How would you describe your spoken Gaelic,
when speaking to **other relatives**?







How would you describe your spoken Gaelic, when speaking to **acquaintances**?



How would you describe your spoken Gaelic, when speaking to **someone you have never met before**?






Cuspair: Beachdan agus Mothachadh


Are you aware of the Highland Council's commitment to Gaelic Language set out in the current 2024-29 Gaelic Language Plan?




Does your job role contribute to the development or promotion of the Gaelic language?





During your working week, how often do you communicate using Gaelic?





How relevant is Gaelic to your current role or service area?




Cuspair: Eachdraidh ionnsachaidh agus ùidh san àm ri teachd







Do you interact with the public in your role?



Have you ever been asked to use Gaelic by a member of the public?





Are there Gaelic-speaking service users in your area/team?



Cuspair: Cnapan-starra agus beachdan airson cleachdadh san àite-obrach

What would encourage you to learn or use more Gaelic at work?





6. Prìomh thoraidhean agus gnìomhan gam moladh

6.1 Plana-gnìomha ga Mholadh

Toradh	Gnìomh ga Mholadh
Misneachd ìosal a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an obair	Leasaich seiseanan san àite-obrach gus misneachd a thogail agus cuir air dòigh buidhnean còmhraidh neo-fhoirmeil.
Ùidh mhòr ann an trèanadh san àm ri teachd (226 neach-obrach)	Leudaich roghainnean airson ionnsachadh air-loidhne aig amannan subailte. Brosnaich luchd-obrach gus pàirt a ghabhail ann an clasaichean Gàidhlig sa choimhearsnachd.
Cnapan-starra mòra: ùine agus cothrom clasaichean a fhrithealadh	Thoir a-steach modalan de sheiseanan beaga ionnsachaidh agus seiseanan aig àm-lòin. Tabhainn seiseanan beaga gus mothachadh a thogail mu Phlana na Gàidhlig agus thèid an libhrigeadh aig coinneamhan sgioba. Sgaoil slaighdean gu ceannardan seirbheis gus an urrainn dhaibh an cur a-mach gu na sgiobaidhean aca gus mothachadh a thogail.
Mothachadh cuingealaichte a thaobh buntanas na Gàidhlig do dhreuchdan	Libhrig seiseanan mothachaidh cuimsichte a bhios a' ceangal na Gàidhlig ri prìomhachasan seirbheis.

Ùidh làidir ann an com-pàirteachadh cultarach	Meudaich follaiseachd na Gàidhlig ann an tachartasan san àite-obrach agus brosnach luchd-obrach gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhan cultarach.
---	---

7. Na h-Ath Cheumannan

- Leasaich modalan airson ionnsachadh subailte air-loidhne
- Libhrig seiseanan mothachaidh a thaobh buntainneachd na Gàidhlig do sheirbheisean
- Dèan an sgrùdadh sgilean a-rithist ann an 2027 gus adhartas a thomhas

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 4 Gearran 2026

Ùghdaran:

Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Laura Husher, Oifigear Prògram Foghlaim

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: